

VIDEO TRANSCRIPT

Lachlan Goudie a 'bruidhinn mu na h-Alba Gailearaidh Nàiseanta 2015

[Faid: 1:39]

Lachlan Goudie:

B' iad na togalaichean seo a thàlaidh mi a dh'ionnsaigh eachdraidh ealain na h-Alba. 'S e peantair a bha nam athair agus aig deireadh na seachdain bhiomaid a' tighinn a Dhùn Èideann à Glaschua choimhead air na dealbhan sna cruinneachaidhean nàiseanta againn. Agus bha ùidh mhòr aig m' athair ann an sàr-obraichean à linn ath-bheòthachadh na h-Eadailte, bha ùidh mhòr aige ann an dealbhan le Velázquez, bha ùidh mhòr aige ann an dealbhan le Gaugin, agus bha iad uile gan taisbeanadh sna togalaichean seo.

Ach, rud a bha air leth cudromach dha-san, bha cuideachd obraichean ann le Seumas Gaothrach, Mac an t-Sagairt agus Wilkie ann an earrann Albannach a' chruinneachaidh agus ann am pàirt gu math sònraichte dhen togalach.

Tha cothrom ùr ann a-nis, chanainn, dachaigh a thoirt dhan chruinneachadh Albannach sna togalaichean ùra a tha gan togail. Gus aire a tharraing dha na h-obraichean seo, chan ann dìreach mar phàirt fa leth de dh'eachdraidh na h-ealain nach eil meas againn air a chionn 's gu bheil an t-ainm "Albannach" air ach a chionn 's gu bheil iad nan ìomhaighean a tha feumach air àite, crochte gu cùramach urramach ach an tuig sinn gu bheil iad dearg-chudromach airson amannan comharraichte ann an eachdraidh na h-ealain a thuigsinn.

Tha iad nan sàr-obraichean a bhuineas ri gach aon dhinn, ge be cò às a thàinig sinn agus saoilidh mi gu bheil iad airidh air ath-luachadh is meas, chan ann dìreach air sgàth 's gu bheil an t-ainm "Albannach" orra 's tha mi dhen bheachd gun coileanadh àite ùr seo.